

1 Ro-ràdh

Tha sinne aig Sabhal Mòr Ostaig dhen bheachd nach urrainnear gabhail ri leathoireas a-thaobh cinnidh anns a' Cholaiste againne. Tha sinn a' cur fàilte air na dleastanasan a tha Achd Atharraichte nan Càirdeasan Cinnidh 2000 (RRAA) a' cur òirnn, agus leanaidh sinn òirnn gus dèanamh cinnteach gum bi sinn a' cumail òirnn air adhartas a dhèanamh mar bhuidhean Co-ionannachd chothroman a tha a' toirt cosnadh agus seirbheis do dhaoine an taobh a-staigh nan laghan iomchaidh.

Bidh sinn a' sùileachadh gum bi co-ionannachd cinnidhean na earrainn chudromach dhen obair againn. Nì sinn seo le bhith ga chur an teis mheadhan dealbh phoileasaidhean, toirt seirbheis, agus dòighean obrach.

Feuchaidh sinn air an fhiosrachadh, a tha sinn a' cruinneachadh, mun luchd-obrach agus oileanaich a dhèanamh nas fheàrr agus sgrùdadh a dhèanamh air an fhiosrachadh a tha againn air an cinneadh.

Tha sinn a' faicinn an Sgeama Co-ionannachd Cinnidhean againn mar thoiseach tòiseachaidh a bheir sinn, tron Phlana Gnìomh agus na dh' ionnsaicheas sinn san àm ri teachd, gu siostam adhartais a bheir dhuinn an cothrom na dleastanasan a tha an RRAA a' cur òirnn a bhuileachadh agus, tha sinn an dòchas, a neartachadh.

Anns na dleastanasan anns an fharsaingeachd, feumaidh sinn a bhith mothachail gu feumar:

- Cuir às do leathoireas a-thaobh cinnidh a tha mì-laghail;
- Co-ionannachd chothroman a bhrosnachadh; agus
- Càirdeas eadar daoine de chinnidhean eadar-dhealaichte a bhrosnachadh

Feumaidh sinn a bhith mothachail air na dleastanasan mionaideach, a tha a' toirt nan cothroman gu na dleastanasan anns an fharsaingeachd a bhuileachadh.

2 A' Cholaiste

2.1 Fiosrachadh

Tha Sabhal Mòr Ostaig, a tha air leantainn na ionad foghlaim neo-eisimeileach bho chaidh a thòiseachadh ann an 1973, air leth bhon 's i an aon Cholaiste anns an Rìoghachd Aonaichte a tha a' toirt chlasaichean aig àrd-ìre troimh mheadhan na Gàidhlig a-mhàin. Mar sin, tha pàirt air leth cudromach aig a' Cholaiste ann an leasachadh agus brosnachadh cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig troimh phrograman agus dòighean-obrach foghlaim, cultarail, margaidheachd agus eaconomaigeach. Ged a tha an t-ionad gu math beag agus ùr, tha Sabhal Mòr Ostaig air aithneachadh mar àite a tha air leudachadh gu mòr anns na bliadhnaichean mu dheireadh.

Bhon a dh' fhosgail i, tha a' Cholaiste air fàilte a chuir air luchd-ionnsachaidh bho iomadh dualchas agus cinneadh agus tha e na amas dhuinn gun lean agus gun leudaich sin.

2.2 Teachdaireachd

Tha Sabhal Mòr Ostaig ag amas air a bhith na ionad feabhais airson leasachadh agus brosnachadh cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig, le bhith a' toirt foghlam, cothroman ionnsachaidh agus rannsachaidh aig àrd ìre troimh mheadhan Gàidhlig na h-Alba; agus le bhith a' conaltradh ann an dòighean inntinneach le daoine, coimhearsnachdan agus gnìomhachasan, gu leasachadh a thoirt air beatha sòisealta, cultarail agus eaconomaigeach.

2.3 Amasan

A' Cholaiste a neartachadh mar sàr ionad airson leasachadh cànan, cultar agus foghlam na Gàidhlig.

- Modail tionail ionmhais fhaighinn a tha iomchaidh agus freagarrach do shuidheachadh agus obair annasach an t-Sabhail Mhòir Ostaig.
- Cothroman acadaimigeach a bhrosnachadh, barrachd oileanaich fhaighinn agus cothroman nan oileanach a leudachadh.
- Siostam Stiùiridh, taic agus coimpiùtaireachd (IST) na Colaiste a neartachadh.

- Taic a thoirt do luchd-obrach ann a bhith a' leasachadh an comasan pearsanta agus proifeasanta.
- Barrachd cheanglaichean a bhrosnachadh leis a' choimhearsnachd ionadail agus anns an fharsaingeachd.
- Stòrasan fhaighinn airson an leudachadh ionmhais a tha a dhith gus amasan ro-innleachdail na Colaiste a bhuileachadh.

Tha a' Cholaiste a' gabhail ris nach gabh na h-amasan seo a bhith air am buileachadh gun an obair a tha daoine, le eòlas agus eachdraidhean eadar-dhealaichte, a' dèanamh.

2.4 Planadh Ro-Innleachdail agus Gníomhail

Tha Amasan Ro-innleachdail agus Gníomhail air an toirt am follais tro shiostam planaidh corporach, a tha air a sgrùdadh a h-uile bliadhna. Bidh 'ur planadh agus 'ur sgrùdadh a' gabhail beachd air na dleastanasan a tha òrnn fo RRAA agus laghan iomchaidh eile air Co-ionnachd chothroman.

3 Dleastanasan na Colaiste fo RRAA

- 3.1 Tha Achd Atharraichte nan Càirdeasan Cinnidh agus Ionnsramaid Laghail na h-Alba, a tha co-cheangailte ris, a' cur dleastanas anns an fharsaingeachd air a' Cholaiste: cur às do leathoireas a-thaobh creideamh a tha mì-laghail, cothroman co-ionnachd a bhrosnachadh, agus, càirdeas eadar daoine de dhiofar chinnidhean a bhrosnachadh. A bharrachd air a sin, tha dleastanas mionaideach air a' Cholaiste Sgeama Co-ionnachd Cinnidhean a dheasachadh agus a chlo-bhualadh ro 30mh an t-Samhainn 2002.

Bu chòir dhan Sgeama na dòighean anns a bheil sinn a' dol a bhuileachadh nan dleastanasan sin a thoirt am follais agus cuideachd, sgrùdadh de an fheadhainn dhe na dreuchdan agus poileasaidhean a tha iomchaidh ris na dleastanasan a tha òrnn air co-ionnachd chothroman.

- 3.2 Bu chòir dha na dòighean obrach airson na leanas a bhith anns an Sgeama cuideachd: sgrùdadh agus conaltradh air buaidh nam poileasaidhean a thathar a' moladh air brosnachadh co-ionnachd cinnidhean; clo-bhualadh an fhiosrachaidh a tha a' tighinn bhon sgrùdadh, conaltradh agus sgrùdadh, a' dèanamh cinnteach gum faigh am mòr shluagh cothrom air an fhiosrachadh agus air na seirbheisean againn fhaighinn; agus ionnsachadh a thoirt don luchd-obrach agus na h-oileanaich againn a rèir nan dleastanasan ùra air càirdeasan cinnidh.
- 3.3 Tha dleastanas mionaideach òrnn gus sgrùdadh a dhèanamh, a rèir an cinnidhean agus cia mheud de dhiofar cinnidhean a tha ann, air luchd-obrach agus oileanaich na Colaiste, le fiosrachadh ga thoirt a h-uile bliadhna.
- 3.4 Feumaidh sinn sgrùdadh a dhèanamh air measadh nan obraichean agus poileasaidhean ro 30mh An t-Samhainn 2005 agus a h-uile trì bliadhna às dèidh sin.

4 An Sgeama Co-ionnachd Cinnidhean

- 4.1 Chaidh an Sgeama seo a dhealbh às dèidh an RRAA. Tha e a' toirt ar prìomhachasan ri chèile agus a' dèanamh sgrùdadh air de na poileasaidhean agus na dòighean-obrach againn as iomchaidh airson co-ionnachd cinnidhean.
- 4.2 Tha sinn air roinnean a thoirt am follais far am faod sinn rudan sònraichte a dhèanamh cuideachd. Tha na gnìomhan agus na prìomhachasan seo air an toirt am follais anns na planaichean corporach agus gnìomhail againn agus bidh iad air an cur an gnìomh troimh na dòighean seo. Le bhith a' dèanamh seo, nì sinn an Sgeama na phàirt air leth cudromach de bheatha na Colaiste. Bheir sinn aithisg air an obair anns an aithisg bhliadhnail. Ùrachaidh agus clò-bhualaidh sinn an Sgeama a h-uile bliadhna le aithisg air an obair gus barrachd aire a thoirt dhan obair a thathar a' dèanamh anns an raon seo agus gus fiosrachadh a thoirt dhan luchd-cleachdaidh air na tha sinn a' dèanamh gus co-ionnachd cinnidhean a bhrosnachadh.
- 4.3 Tha plana gnìomh (Faic Annex B) a' toirt nan gnìomhan ri chèile nan gnìomhan air am bheil iomradh air a thoirt anns an Sgeama.

5 Ag obair le feadhainn eile

- 5.1 'S e a' Cholaiste aon de Cho-roinn Acadaimigeach Institiùid Mile Bliadhna Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean (OGE). Obraichidh sinn le Luchd-Pàirt Acadaimigeach eile gus dleastanasan an RRAA a choimhlionadh thairis an Institiùid gu lèir agus leanaidh sinn agus cuidichidh sinn ann an dealbh Sgeama Càirdeasan Cinnidh an UHI.
- 5.2 Obraichidh sinn le buidhnean agus daoine eile gus deagh dhòighean-obrach a thoirt am follais agus a mholadh ann an cuspairean co-cheangailte ri Càirdeasan Cinnidh.

6 Dreuchdan agus poileasaidhean iomchaidh

- 6.1 Tha am bòrd (faic Annex A) a' toirt am follais dreuchdan agus poileasaidhean na Colaiste agus tha e a' dèanamh sgrùdadh air dè cho iomchaidh 's a tha iad ri cuspairean Co-ionannachd chinnidhean. Tha Annex B, a tha a' togail an fhiosrachaidh bho Annex A, a' dèanamh liosta dhe na h-obraichean a nì sinn – no a tha sinn a' dèanamh – gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coimhlionadh ar dleastanasan.

7 Na tha air a dheisealachadh gus sgrùdadh agus conaltradh a dhèanamh air a bhuidh a bu dòcha a bhith aig na poileasaidhean a thathar a' moladh air co-ionannachd cinnidhean.

- 7.1 Nì sinn conaltradh gu tric le buidhnean dhen luchd-cleachdaidh againn air na poileasaidhean a thathar a' moladh no atharrachaidhean air na poileasaidhean a tha ann an-dràsta, dòighean-obrach no dreuchdan. Tha sinn ag aithneachadh gur dòcha gu feum sinn beachdachadh a-rithist air na luchd-cleachdaidh ris am bruidhinn sinn gus dèanamh cinnteach gum bi aire air a ghabhail air a bhuidh air daoine bho diofar dhualchasan.
- 7.2 Obraichidh sinn le OGE gus dèanamh cinnteach gum bi an aon t-suidheachadh aig oileanaich àrd-ìre co-cheangailte ri Co-ionannachd Cinnidhean.
- 7.3 Nì sinn sgrùdadh air dòighean conaltraidh agus air an luchd-cleachdaidh ris a bheil a' conaltradh gus dèanamh cinnteach gu bheil buaidh nam poileasaidhean a thathar a' moladh air co-ionannachd cinnidhean air an sgrùdadh gu h-iomchaidh.

8 Sgrùdadh

- 8.1 Nì sinn sgrùdadh a h-uile bliadhna, le dòighean sgrùdaidh na Colaiste a tha ann an-dràsta, air na co-dhùnaidhean a thig bho na gnìomhan a tha air an ainmeachadh anns an Sgeama seo. Bheir sinn aithisg bhliadhnail air na co-dhùnaidhean a thig bhon sgrùdadh bhliadhnail aig an Sgeama, agus air mar a tha gnìomhan a tha air an ainmeachadh anns an Sgeama a' leantainn. Sgrùdaidh Roinn nan Seirbheisean Corporach againn am fiosrachadh àireamhail air luchd-obrach na Colaiste – an sgrùdadh a tha a dhìth leis an dleastanas mhionaideach againn – agus oileanaich anns a' Cholaiste, gus roinnean far a bheil obair a dhìth a thoirt am follais. Bidh co-dhùnaidhean an sgrùdaidh seo anns an aithisg bhliadhnail aig an Sgeama cuideachd.

9 Foillseachadh

Bidh an Sgeama seo air fhoillseachadh air an làrach-lìn againn agus bidh e air a chuir gu Institiùid Mile Bliadhna Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus do luchd-cleachdaidh eile. Bidh co-dhùnaidhean na h-aithisg bhliadhnail air an Sgeama rim faicinn air an làrach-lìn againn agus air làrach-lìn dùinte na Colaiste.

10 Cothroman air an fhiosrachadh agus na seirbheisean a chleachdadh.

Tha sinn a' toirt tòrr de dh' fhiosrachadh mun Cholaiste agus air an obair a tha sinn a' dèanamh air an làrach-lìn againn agus le dòighean conaltraidh eile, cuairt-litrichean, bileagan agus leabhraichean, na measg sin. Aig a' cheart àm seo, chan eil am fiosrachadh sin air fhaighinn ach ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Chan eil sinn dhen bheachd gur e deagh chosg airgid a bhiodh ann na stuthan againn eadar-theangachadh gu cànanan coimhearsnachdan. Coimheadaidh sinn, ge-tà, air fiosrachadh a thoirt do dhaoine air buidhnean eadar-theangachaidh gus dèanamh cinnteach gum bi am fiosrachadh againn fosgailte dhan àireamh as motha de dhaoine.

11 Poileasaidhean sgrùdaidh airson droch bhuaidh

Tha sinn air innse, ann an Annex A, na roinnean a tha sinn air a thaghadh mar iomchaidh ri dleastanasan an Achd. Tron t-siostam sgrùdaidh bhliadhnail aig an Sgeama, a' sgrùdadh an fhiosrachaidh a tha sinn a' tionail, agus ag innse dhan Bhuidhean Stiùiridh mu dheidhinn, nì sinn sgrùdadh airson droch bhuaidh.

12 Na tha air a dheisealachadh airson sgrùdadh an luchd-obrach a rèir an cinneadh.

Tha na tha sinn air a dheisealachadh airson an dleastanas mhionaideach seo a choimhlionadh air innse gu h-iseal anns an earrainn air "Ar dleastanas mar bhuidhean a tha a' toirt cosnadh". Nì sinn cinnteach gum bi am fiosrachadh air fhoillseachadh a h-uile bliadhna.

13 Mar a bhios sinn a' dèiligeadh le gearainnean

Tha an Sgeama ag innse na tha sinn a' sùileachadh a dhèanamh gus na dleastanasan anns an fharsaingeachd agus na dleastanasan mionaideach a choimhlionadh. Ma tha duine dhen bheachd nach eil rud a nì sinn a' tighinn chun na h-ìre a tha sinn a' sùileachadh, chuireadh sinn fàilte air beachdan no gearainnean sam bith.

14 Cò ris a tha e an urra?

14.1 Tha e an urra ris na h-Urrasairean:

- Gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Cholaiste a' coimhlionadh an dleastanasan a' rèir an RRAA, na dleastanasan farsaing agus dleastanasan mionaideach na measg sin; agus
- Gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' leantainn an Sgeama Co-ionannachd Cinnidhean agus na poileasaidhean agus na dòighean-obrach a tha ceangailte ris.

14.2 Tha e an urra ris an Stiùiriche:

- Deagh eisimpleir a thoirt fad an t-siubhail air cuspairean co-cheangailte ri Co-ionannachd Cinnidhean;
- An Sgeama Co-ionannachd Cinnidhean a bhrosnachadh anns a' Cholaiste agus air taobh a-muigh na Colaiste; agus
- Gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' leantainn an Sgeama Co-ionannachd Cinnidhean agus na poileasaidhean agus na dòighean-obrach a tha ceangailte ris.

14.3 Tha e an urra ri Manaidsearan, Ceannardan Roinnean, na measg sin:

- An Sgeama agus na roimh-innleachdan, poileasaidhean agus dòighean-obrach a chur an gnìomh;
- Dèanamh cinnteach gu bheil fhios aig an luchd-obrach uile air na tha an urra riutha, agus gu faigh iad taic agus ionnsachadh gus sin a chur an gnìomh

- Na dòighean-obrach iomchaidh a' leantainn agus ceannsachadh agus smachdachadh iomchaidh a thoirt do neach-obrach no oileanach sam bith a bhios a' dèanamh leathoireas mì-laghail air duine eile air aobhar cinneadh, dath, dualchas dùthcha no cinnidh.
- 14.4 Tha e an urra ri Buidhean Co-ionnachd chothroman na Colaiste:
- Obair air Co-ionnachd Cinnidhean a cho-òrdaicheadh (agus cuspairean Co-ionnachd Cinnidh eile)
 - Obair le gach roinn gus an obair air Co-ionnachd Cinnidhean a cho-òrdaicheadh agus a thoirt am follais; agus
 - Dèanamh cinnteach gun dèiligear le gràin-cinnidh sam bith an taobh a-staigh nanm modhan a tha air an toirt do luchd-obrach agus do dh' oileanaich.
 - Sgrùdadh air mar a tha an Sgeama a' dol air adhart agus aithisg bhliadhnail a dhèanamh air a sin.
- 14.5 Tha e an urra ris an luchd-obrach uile:
- Dèiligeadh ri gràin-cinnidh, agus taobhachadh air sgàth cinneadh agus a rèir an nòis aithneachadh; bidh ionnsachadh air a thoirt gus a leithid aithneachadh
 - Co-ionnachd chothroman agus deagh Chàirdeasan Cinnidh a bhrosnachadh, agus leathoireas mì-laghail a sheachnadh.
 - Fios a chumail mun lagh air leathoireas, agus brath a ghabhail air cothroman leasachaidh agus ionnsachadh.
- 14.6 Tha e an urra ri Cùnnradhairean agus an fheadhainn a tha a' toirt Seirbheis:
- An Sgeama Co-ionnachd Cinnidhean agus cuspairean co-cheangailte ri Càirdeasan Cinnidh ann an cùnnraidhean no aontaidhean sam bith.
- 14.7 Tha e an urra ris na h-Oileanaich uile:
- Co-ionnachd chothroman agus deagh Chàirdeasan Cinnidh a bhrosnachadh, agus leathoireas mì-laghail air aobhar cinneadh, dath, dualchas dùthcha no cinnidh a sheachnadh.
 - Sgeama Co-ionnachd Cinnidhean na Colaiste agus poileasaidhean agus dòighean-obrach co-cheangailte ris a leantainn

15 An Dàrna Earrainn 2 Ar dleastanasan mar bhuidhean a tha a' toirt cosnadh

A' coimhlionadh ar dleastanasan mar bhuidhean a tha a' toirt cosnadh.

- 15.1 Aig a cheart àm, tha a' Cholaiste a' toirt cosnadh do mu 60 luchd-obrach air cùmhnantan leantainneach, le diofar àireamhan de luchd-obrach le cùmhnantan goirid agus cùmhnantan a' faighinn cosnadh an uair a tha a dhìth orra.
- 15.2 Nì sinn tuilleadh deasachaidh air na dòighean sgrùdaidh airson co-ionnachd chothroman gus fiosrachadh a thionail air dualchas cinnidh a rèir tagraidhean obrach agus a rèir àireamhan aig agallamhan. Gheibh sinn fiosrachadh air an dualchas aig luchd-obrach a tha ann an-dràsta cuideachd.
- 15.3 Nì sinn sgrùdadh air an fhiosrachadh a thèid a thional a rèir dualchas cinnidh aig ìre tagraidh agus fastaidh gus ana-cheartas sam bith a tha a' dol air adhart a thoirt am follais ma tha e iomchaidh.
- 15.4 Nì sinn deasachadh air an t-siostam fiosrachaidh stiùireadh luchd-obrach a tha ann an-dràsta gus fiosrachadh air dualchas cinnidh nan luchd-obrach a tha ann an-dràsta a thional, agus gus cothroman ionnsachaidh agus adhartais a sgrùdadh.

15.5 Foillsichidh sinn a h-uile bliadhna co-dhùnaidhean an sgrùdadh agus bruidhnidh sinn ri aonaidhean ciùird sam bith a tha a' riochdachadh an luchd-obrach againn.

16 A' toirt ionnsachadh dhan luchd-obrach air na dleastanasan a tha an t-Achd a' cur orra.

16.1 Bheir sinn ionnsachadh, a dh' fheumas iad a dhèanamh, dhan luchd-obrach uile gus fios a thoirt dhaibh air na dleastanasan a tha an t-Achd a' cur air a' Cholaiste mar bhuidhean maoineachaidh agus mar bhuidhean a tha a' toirt cosnadh.

16.2 Bheir sinn ionnsachadh do luchd-obrach a tha a' sàs ann am fastadh agus taghadh luchd-obrach, bheir fiosrachadh air cuspairean co-cheangailte ri diofrachas agus co-ionannachd cinnidhean.

16.3 Nì sinn cinnteach gum bi, far a bheil e iomchaidh, an t-ionnsachadh a' buntainn ri diofrachas agus co-ionannachd.

16.4 Bidh an Sgeama Co-ionannachd Cinnidhean mar phàirt dhen phrògram fàilteachaidh do luchd-obrach ùra agus thèid ar gnìomhan agus creideas ann an diofrachas agus co-ionannachd cinnidhean a thoirt am follais.

17 An Dàrna Earrainn Ar dleastanasan a rèir nan Oileanach

17.1 Aig a' cheart àm, tha 102 oileanach làn-ùine aig a' Cholaiste. Tha sinn cuideachd a' brosnachadh na coimhearsnachd gus feum a dhèanamh dhen Cholaiste tron Ionad Ionnsachaidh, agus tha sinn a' toirt chothroman troimh chùrsaichean goirid agus ionnsachadh aig astar. An-dràsta, tha 75 neach-ionnsachaidh a' dèanamh a' chùrsa ionnsachaidh aig astar againn, An Cùrsa Intrigidh, le 11 neach-ionnsachaidh a bharrachd bho thall-thairis am beachd toiseachadh air foghlam aig astar.

17.2 Leanaidh sinn air fiosrachadh mu dhualchas a thional aig ìre tagraidh, agus an uair a thathar a' taghadh airson agallamh, far a bheil e iomchaidh. Togaidh sinn fiosrachadh air dualchas nan oileanach a tha ann an-dràsta agus nì sinn adhartas anns na dòighean anns a bheil sinn a' cruinneachadh an fhiosrachaidh bhon ionad-ionnsachaidh, cùrsaichean aig astar agus oileanaich nan cùrsaichean goirid.

17.3 Nì sinn sgrùdadh air an fhiosrachadh a tha sinn a' cruinneachadh air dualchas aig ìre nan tagraidhean agus nan agallamhan airson gabhail oileanaich gus ana-ceartas sam bith a thoirt am follais, agus gus rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn ma tha e iomchaidh.

17.4 Nì sinn deisealachadh air siostam fiosrachaidh nan oileanaich a tha ann an-dràsta gus fiosrachadh air dualchas cinnidh nan oileanach a thional, agus gus atharrachaidhean ann an àireamhan nam buidhnean cinnidh a sgrùdadh.

17.5 Nì sinn sgrùdadh air na h-earrainnean de bheatha nan oileanach a tha a' buntainn ri Co-ionannachd Chothroman.

17.6 Foillsichidh sinn gach bliadhna am fiosrachadh bhon sgrùdadh agus bruidhnidh sinn mun deidhinn ris na buidhnean a tha a' riochdachadh nan oileanach againn.

Ma tha ceist sam bith agaibh mun sgeama seo no rud sam bith a tha sinn a' dèanamh a tha a' buntainn ri càirdeasan cinnidh leig fios gu: Alison Dix, Neach-cathrach Buidhean Co-ionannachd Chothroman, aig 01471 888 216 no post-dealain sm00ad@groupwise.uhi.ac.uk anns a' chiad dol-a-mach. 'S e sgriobhainn a bhios ag atharrachadh agus a' toirt buaidh air ar gnìomhan a tha anns An Sgeama. Mar sin, bhiodh sinn toilichte 'ur beachdan a chluinntinn aig uair sam bith.

ANNEX A OBRAICHEAN AGUS POILESAIDHEAN NA COLAISTE

| OBRAICHEAN AGUS POILESAIDHEAN NA COLAISTE | BUNTANAS RI RRAA |
|--|---|
| 1. RIANACHD AGUS STIUIREADH a. Rianachd b. Stiùireadh c. Dleastanasan a rèir an lagha d. Leasachadh agus sgrùdadh poileasaidh e. Ionnsachadh | a. Àrd b. Àrd c. Àrd d. Àrd e. Àrd |
| 2. OILEANAICH a. Fiosrachadh do dh' oileanaich b. Margaidheachd, Fastadh agus Gabhail oileanaich c. Fosglaidhean agus Creideasan d. Fàilteachadh e. An t-Àite Ionnsachaidh f. Taic agus Comhairleachadh g. Gearainnean agus Smachdachadh h. Adhartas, Coimhlionadh agus Cumail Oileanach i. Roinn nan Taicean Airgid | a. Àrd b. Àrd c. Àrd d. Àrd e. Meadhanach f. Àrd g. Àrd h. Àrd i. Àrd |
| 3. IONNSACHADH AGUS TEAGASG a. Planadh agus Leasachadh Acadaimigeach b. Dòighean agus Stuthan Teagaisg c. Seirbheisean Acadaimigeach | a. Àrd b. Àrd c. Meadhanach |
| 4. LUCHD-OBRAICH a. Fastadh luchd-obrach b. Adhartas agus Leasachadh Dreuchdan Luchd-obrach c. Gearainnean agus Smachdachadh d. Ionnsachadh agus Leasachadh Luchd-obrach | a. Àrd b. Àrd c. Àrd d. Àrd |
| 5. RANNSACHADH a. Rannsachadh b. Cothroman rannsachaidh do dh' oileanaich | a. Meadhanach b. Meadhanach |
| 6. GOIREASAN a. Àiteachan fuirich nan oileanach b. Àiteachan fuirich nan Acadaimigeach c. Goireasan co-labhairt | a. Àrd b. Meadhanach c. Iosal |
| 7. CO-ROINN AGUS AONTAIDHEAN CUMHNANTAN a. Co-roinn Acadaimigeach b. Co-roinn Coimhearsnachd c. Luchd toirt stuth agus luchd-cùmhnantan | a. Àrd b. Meadhanach c. Meadhanach |

ANNEX B PANA GNIOMH CO_IONNACHD CINNIDH

SMT = Àrd Sgioba Stiùiridh, EO = Comataidh Co-ionannachd Chothroman, CS = Seirbheisean Corporach, R = Fasdadh, M = Margaidheachd, AA = Rianaiche Acadaimigeach
 SS = Seirbheisean Oileanach, F = Goireasan, QAC = Comataidh Ìrean Àrda, SD=Comataidh Leasachadh Dreuchdan

RES = SGEAMA CO-IONNACHD CINNIDHEAN

PRIOMHACHASAN: 1 = A' Chiad Bliadhna 2002/03, 2 =An Dàrna Bliadhna 2003/04, 3 = An Treas Bliadhna 2004/05

| AMAS | GNIOMH | BUNTANAS RI ANNEX A | CO RIS A THA E AN URRA? | TOMHAS | PRIOMHACHAS |
|--|---|---------------------|-------------------------|---|-------------|
| 1. Deasbad air agus Sgeama Co-ionannachd Chothroman a chur an gnìomh. | Dleastanasan agus dreuchdan a roinn | 1a | Urrasairean/SMT | Co-dhùnadh a bha ann an gearr-chùnntas coinneamh an SMT | 1 |
| | Neach-obrach gus an RES a thoirt air adhart a thoirt a thaghadh. | 1a | Urrasairean/SMT | Co-dhùnadh a bha ann an gearr-chùnntas coinneamh an SMT | 1 |
| | Fios a thoirt dhan luchd-obrach uile air dè a tha an urra riutha an uair a thathar a' cur an RES an gnìomh. | 1b | SMT/EO | Bidh gnìomhan agus amasan ann am Plana Gnìomhail na Colaiste agus ann am Planaichean nan Roinnean | 1 |
| | Conaltradh ri oileanaich, luchd-obrach agus buidhnean iomchaidh agus daoine iomchaidh eile mun RES | 1b | SMT/EO | Geàrr-chùnntasan coinneamhan de gnìomhan agus clàran conaltraidh. | 1 |
| | Co-ionannachd Chothroman gu bhith air clàr-deasbaid gach coinneamh comataidh | 1b | SMT | Geàrr-chùnntasan nan coinneamhan a tha a' sealltainn gu bheil a' deasbad Co-ionannachd Chothroman | 1 |

| AMAS | GNIOMH | BUNTANAS RI ANNEX A | CO RIS A THA E AN URRA? | TOMHAS | PRIOMHACHAS |
|--|--|---------------------|-------------------------|--|-------------|
| 2. Sgrùdadh agus leasachadh a thoirt air poileasaidhean agus dòighean obrach na Colaiste | Sgrùdadh a dhèanamh air gnìomhan agus poileasaidhean agus leasachaidhean a chur an gnìomh | 1d | SMT/EO | Sgrùdaidhean a tha air an dèanamh agus air gabhail riutha leis na h-Urrasairean /SMT | 1 |
| | Cumail air sgrùdadh agus measadh a dhèanamh air na dòighean obrach a h-uile bliadhna. | 1d | SMT/QAC | Dòighean sgrùdaidh a-nis ann am Plana Gnìomhail na Colaiste | 1 |
| | | | QAC | Fiosrachadh bho na sgrùdaidhean agus measadh gu bhith air am foillseachadh | 2 |
| 3. Fios a thoirt do luchd-obrach agus do dh' oileanaich air dè a bhios an urra riutha fon RRAA gus stad a chur air leathoireas, gus urram eadar daoine a bhrosnachadh agus deagh chàirdeas eatorra a bhrosnachadh | Cùrsaichean fiosrachaidh a chur air chois do dh'Urrasairean, SMT, luchd-obrach agus oileanaich. | 1e | SMT/EO | Clàran làthaireachd agus geàrr-iomradh measaidh | 1 |
| | Fios a thoirt mu Co-ionannachd Chothroman agus RRAA ann an litrichean-tuarastail an luchd-obrach | 1e | EO | Fiosrachadh gu bhith ann an litrichean-tuarastail an luchd-obrach | 1 |
| | Fios a chur anns an Leabharlann air Co-ionannachd Chothroman agus RES | 1e | EO | Pasglan Co-ionannachd Chothroman ri fhaighinn anns an Leabharlann | 1 |
| | Fios a thoirt mu Co-ionannachd Chothroman agus RES air làrach lìn dùinte na Colaiste | 1e | EO | Fiosrachadh air an làrach-lìn dùinte | 2 |

| AMAS | GNÌOMH | BUNTANAS RI ANNEX A | CÒ RIS A THA E AN URRA? | TOMHAS | PRÌOMHACHAS |
|---|--|---------------------|-------------------------|--|-------------|
| 4. Ionnsachadh a thoirt dhan luchd-obrach air cleachdadh RES agus na tha an urra riutha agus gus taic iomchaidh a thoirt dhaibh le siostam taic a chuir air chois | Cùrsaichean ionnsachaidh a chur air chois do dh' Urrasairean agus SMT | 1e | EO/SD | Clàran làthaireachd agus geàrr-iomradh measaidh | 1 |
| | Ionnsachadh mionaideach a' rèir nan roinnean a chur air chois dhan luchd-obrach | 1e & 4d | EO/SD | Clàran làthaireachd agus geàrr-iomradh measaidh | 1 |
| | Sgrùdadh agus measadh a dhèanamh air na cùrsaichean ionnsachaidh, gus cùrsaichean fàilteachaidh agus leasachadh dreuchd leantainneach a chur air chois | 1e & 4d | EO | Clàran làthaireachd agus geàrr-iomradh measaidh. Sgrùdadh bhliadhnail. | 2 |
| | Sgrùdadh a dhèanamh air an t-siostam taic agus dòighean obrach iomchaidh a chur air chois do luchd-obrach ris a bheil rud sònraichte an urra leis an RES | 1e & 4d | SMT/SD | Sgrùdadh air a dhèanamh agus dòighean obrach ann ma tha feum orra. | 2 |
| 5. Gus obair le co-roinn acadaimigeach agus coimhearsnachd agus buidhnean eile, luchd toirt stuth agus luchd-cùmhnantan na measg sin, gus co-ionannachd chothroman agus gabhail a-steach a bhrosnachadh | Conaltradh ri co-roinn acadaimigeach OGE eile agus ionadan gus dèanamh cinnteach gum bi aonta ann co-cheangailte ri cuspairean co-ionannachd chinnidhean | 7a | SMT/EO | Geàrr-chùnntasan iomchaidh de choinneamhan OGE/Colaiste | 1 |

| AMAS | GNIOMH | BUNTANAS RI ANNEX A | CO RIS A THA E AN URRA? | TOMHAS | PRIOMHACHAS |
|---|---|---------------------|-------------------------|---|-------------|
| | Dèanamh cinnteach gu bheil aithne aig na h-ionadan co-roinn air RES na Colaiste, agus, far a bheil e iomchaidh, gu bheil sgeama dhen aon t-seòrsa aca fhèin | 7b | SMT/EO | Clàran roinn an RES | 1 |
| | Dèanamh cinnteach gu bheil iomradh dhen RES aig a' Cholaiste air a thoirt do luchd toirt stuth agus luchd-cùmhnantan | 7c | SMT/EO | Clàran roinn an RES | 1 |
| | Ceangalaichean a bhrosnachadh le buidhnean coimhearsnachd a tha a' sàs ann an brosnachadh deagh chàirdeasan agus fosgladh chothroman | 7b | EO | Geàrr-chùinntasan de choinneamhan EO agus eisimpleirean de chonaltradh cudromach | 2 |
| 6. Sgrùdadh a dhèanamh air gabhail oileanach agus adhartas | Sgrùdadh a dhèanamh air dòighean gabhail oileanaich | 2b | R/M | Sgrùdadh air a dhèanamh agus poileasaidhean agus dòighean obrach air an atharrachadh ma tha feum ann | 1 |
| | Gabhail a-steach a bhrosnachadh ann an sanasan na Colaiste, leabharan, stuthan foillsichte agus làrach-lìn na Colaiste | 2a | M | Adhartas faicsinneach ann an gabhail a-steach agus fàilteachadh na Colaiste | 1 & 2 |
| | Sgrùdadh agus measadh a dhèanamh air gabhail oileanaich. | 2b | AA | Am fiosrachadh air fhoillseachadh agus poileasaidhean agus dòighean obrach atharrachadh ma tha feum air | 2 |
| | Fàilteachadh agus aire air Poileasaidh Gabhail a-steach agus RES na colaiste | 2d | SS/EO | Clàran làthaireachd agus sgrùdadh measaidh | 1 |

| AMAS | GNIOMH | BUNTANAS RI ANNEX A | CO RIS A THA E AN URRA? | TOMHAS | PRIOMHACHAS |
|------|---|---------------------|-------------------------|--|-------------|
| | Sgrùdadh a dhèanamh air taic oileanach agus seirbheisean comhairleachaidh | 2f | SS | Fiosrachadh air fhoillseachadh atharraichean air am moladh ma tha feum ann. | 2 |
| | Sgrùdadh a dhèanamh air roinn taic airgid nan oileanach | 2i | AA/SS | Fiosrachadh air fhoillseachadh agus poileasaidhean agus dòighean obrach air an atharrachadh ma tha feum ann | 2 |
| | Sgrùdadh a dhèanamh air gearainnean agus smachdachadh oileanach | 2g | SS | Fiosrachadh air fhoillseachadh. Poileasaidhean agus dòighean obrach air an atharrachadh ma tha feum ann. | 2 |
| | Sgrùdadh a dhèanamh air fosgladh agus brìgh a' chlàr-oideachaidh, àite ionnsachaidh agus seirbheisean acadaimigeach (m.e. seirbheisean leabharlann) | 2c, 2e, 3b & 3c | Roinnean uile/EO | Fiosrachadh air fhoillseachadh agus poileasaidhean, dòighean obrach agus stuthan cùrsa air an atharrachadh ma tha feum air. | 2 & 3 |
| | Sgrùdadh a dhèanamh air adhartas, coimhionadh agus cumail oileanach | 2h | AA/SS | Fiosrachadh air fhoillseachadh bho chlàran euchdan nan oileanach agus poileasaidhean agus dòighean obrach air an atharrachadh ma tha feum ann. | 2 |
| | Dèanamh cinnteach gu bheil dòighean obrach airson toirt àiteachan fuirich agus cleachdadh ghoireasan cothromach | 6a | SMT/F | Sgrùdadh air a dhèanamh agus poileasaidhean agus dòighean obrach air an atharrachadh ma tha feum ann. | 2 |

| AMAS | GNIOMH | BUNTANAS RI ANNEX A | CO RIS A THA E AN URRA? | TOMHAS | PRIOMHACHAS |
|--|--|---------------------|-------------------------|---|-------------|
| 7. Sgrùdadh a dhèanamh air rannsachadh agus cothroman rannsachaidh oileanaich | Sgrùdadh agus leasachadh a dhèanamh air dòighean-obrach air rannsachadh agus cothroman rannsachaidh nan oileanach. | 5a & 5b | SMT | Sgrùdadh air a dhèanamh agus poileasaidhean agus dòighean obrach air an atharrachadh ma tha feum ann | 2 |
| | Sgrùdadh a dhèanamh air fastadh agus taghadh luchd-obrach. | 4a | SMT/CS | Fiosrachadh air fhoillseachadh agus air a thoirt do SFEFC. Poileasaidhean agus dòighean obrach air an atharrachadh ma tha feum ann. | 1 |
| | Sgrùdadh a chumail air adhartas agus cleachdadh luchd-obrach. | 4b | SMT/CS | Rannsachadh air fhoillseachadh agus poileasaidhean agus dòighean obrach air an atharrachadh ma tha feum air. | 2 |
| | Fiosrachadh nan sgrùdaidhean agus nam measaidhean fhoillseachadh a h-uile bliadhna. | 1c | SMT | Rannsachadh bhliadhnail air a dhèanamh | 2 |
| | Feallsanachd na Colaiste air co-ionannachd chinnidhean a bhrosnachadh anns a' Cholaiste. | 1a | SMT/EO/M | Stuthan brosnachaidh air am faighinn agus air an toirt seachad. | 1 |
| | | | | Postair a tha a' toirt fios mu fheallsanachd na Colaiste air a dhèanamh agus air a chrochadh air feadh na Colaiste | 1 |